

Higher Gaelic (Learners) Talking - Society - Hobbies

Colin and teacher Mrs MacKay talk about hobbies.

Mrs MacKay: An inns thu beagan a bharrachd dhomh mu dheidhinn do chur-seachad ma-thà?

Colin: Uill mar a thuirt mi roimhe, tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi math air ceòl agus 's e pìobaireachd an ceòl as fheàrr leam.

Mrs MacKay: Cuin a thòisich thu air a' phìob-mhòir?

Colin: Tha mi a' smaoineachadh gun robh mi mu sheachd. Fhuair mi seata a bha aig bràthair mo sheanar, ach b' fheudar dhomh tòiseachadh air an fheadan oir bha mi ro bheag. 'S fìor thoigh leam pìobaireachd. Tha ùidh mhòr agam ann an eachdraidh nam port, na sgeulachdan agus rudan mar sin. Tha còmhlaing pìoba air feadh an t-saoghail agus bidh iad a' tighinn cruinn còmhla. An toigh leibh fhèin pìobaireachd?

Mrs MacKay: Is toigh l'. B' àbhaist dhomh a bhith a' cluich nuair a bha mi glè òg, agus san àrd-sgoil ach cha do lean mi orm an dèidh dhomh an sgoil fhàgail. A-nis, am bi thu a' cluich spòrs sam bith?

Colin: Bithidh. Bidh mi a' cluich ball-coise airson sgioba a' bhaile. Chan eil mi ro mhath ach tha e a' còrdadh rium. Bidh mi a' cluich aig a' chùl. 'S e ball-coise an spòrs as fheàrr leam gun teagamh sam bith. Nuair a bhios mi a' dol dhachaigh, cuiridh mi air an TBh agus coimheadaidh mi gèam sam bith. Tha mi air mo bheò-ghlacadh leis. Is e Barcelona agus Cille Mheàrnaig an dà sgioba as fheàrr leam. A bheil ùidh agaibhse ann an spòrs?

Mrs MacKay: Tha. Cha toigh leam ball-coise idir. Is fìor thoigh leam rugbaidh ge-tà. Am bi thu a' coimhead rugbaidh?

Colin: Cha bhi! Is lugha orm rugbaidh. Tha mi a' smaoineachadh gur e spòrs gòrach a th' ann. Chluich sinn e ann an Spòrs agus cha do chòrd e rium idir. Tha mi den bheachd gu bheil e dòrainneach agus b' fheàrr leam a bhith a' cluich ball-coise no a' coimhead ball-coise.

Mrs MacKay: An urrainn dhut snàmh?

Bitesize

Colin: Is urrainn. Tha mi math air snàmh. Tha e cuideachail airson a bhith a' cumail fiot agus fallain. Tha e feumail a bhith ag eacarsaich tric airson a bhith math air ball-coise agus saoilidh mi gu bheil snàmh nas fheàrr na ruith airson na bodhaig. Tha mi a' creidsinn gu bheil mi ag ithe gu fallain agus gu bheil daithead mhath agam. Bidh mi ag ithe tòrr mheasan agus ghlasraich agus bidh mi ag òl dà liotair de dh'uisge gach latha. A bheil dòigh-beatha fhallain agaibhse?

Mrs MacKay: Gu mì-fhortanach, cha chreid mi gu bheil. Bidh mi ag ithe cus rudan làn de shiùcar agus de gheir. Tha mi ro sgìth nuair a thèid mi dhachaigh aig deireadh an latha às dèidh na sgoile airson a bhith a' còcaireachd. Am bi thu fhèin ag obair?

Colin: Bithidh. Tha obair phàirt-ùine agam còmhla ri bràthair m' athar...